

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Ainmean-àite Ghlaschu

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,290. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 986 corresponds to Litir 1,290. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Dè tha an t-ainm-àite *Glaschu* – *Glasgow* – a' ciallachadh? Bidh sinn a' cluinntinn aig feadhainn gu bheil e a' ciallachadh '*dear green place*'. Ach tha an fhianais ag innse dhuinn nach eil sin ceart. Tha e nas coltaiche gu bheil e a' tighinn bho dhà eileamaid anns an t-seann chànan aig Breatannaich a' Chinn a Tuath – *glas* agus *cau*. Tha an t-ainm a' ciallachadh '*green hollow*'. Ach càit a bheil an lag glas no lag uaine? Tha, faisg air Cathair-eaglais Ghlaschu far a bheil allt a' sruthadh tro lag nàdarrach.

Fhuair mi am fios seo bho leabhar luachmhor a chaidh fhoillseachadh an-uiridh. 'S e an t-ainm a th' air *Glasgow's Gaelic Place-Names*. Tha e air a sgrìobhadh le Alasdair MacIlleBhàin. Tha dealbh anns an leabhar a tha a' sealltainn an luig a thug ainm don bhaile.

Cha do mhair seann chànan nam Breatannach. Thàinig a' Ghàidhlig agus Albais na àite. Agus tha iad fhathast air am bruidhinn an-diugh. Tha eachdraidh fhada aig a' Ghàidhlig anns a' bhaile as motha ann an Alba.

Nochd ainmean-àite Gàidhlig anns na seann chlàraidhean is làmh-sgrìobhainnean cho fada air ais ris an dàrna linn deug. Mar eisimpleir – *Carmunnock*. Tha sin a' tighinn bhon t-Seann Bhreatannais no bhon Ghàidhlig. Mas ann bhon Ghàidhlig a tha e, math dh'fhaodte gur e *Càrr Manach* no *Corr Manach* a bh' ann bho thùs – '*rocky shelf of monks*'. Tha Polmadie cuideachd a' nochdadh anns an dàrna linn deug – mar Polmacde. Tha Alasdair MacIlleBhàin ag innse dhuinn gu bheil a' Ghàidhlig *Poll Mac Dè* a' ciallachadh '*stream of the sons of God*'.

Tha na riochdan tùsail **fior fhèin cudromach**. Ma choimheadas sinn air an ainm-àite *Ruchazie*, chan eil e follaiseach dè tha e a' ciallachadh no eadhon gur ann às a' Ghàidhlig a tha e. Ach tha e a' nochdadh anns an t-siathamh linn deug mar *Auchinhasie*. Agus tha an t-ùghdar dhen bheachd gu bheil sin a' riochdachadh na Gàidhlig *Achadh an Fhasaidh* '*field or farm of the stopping place*'.

Tha *Barlinnie* car coltach ri sin. **Mura b' e gun robh** seann riochdan ann, bhiomaid a' smaoinneachadh gu bheil e a' tighinn bho *bàrr* agus *linne*. Ach nochd e anns an t-siathamh linn deug mar Blairlenny. Chaidh a chruthachadh an toiseach mar *Blàr Lèanach* '*marshy plain*'.

Ged as e baile mòr mòr a th' ann an Glaschu an-diugh, buinidh gu leòr de ainmean-àite do linn nuair a bha daoine an sàs ann an obair-fearainn. Is toigh leam an

t-ainm-àite Gartnavel. Tha sin a' tighinn bhon t-seann Ghàidhlig *Gart an Abhaill* 'enclosure of the apple tree or orchard'.

Tha Alasdair MacIlleBhàin ag innse dhuinn gu bheil *Cathkin* a' tighinn bhon Ghàidhlig *Coitcheann*, a' ciallachadh 'common grazing'. Agus bha an t-ainm ainmeil *Auchenshuggle* clàraichte mus robh tramaichean a' dol ann! Tha e a' tighinn bho *Achadh an t-Seagail* 'field or farm of the rye'.

Chan eil freagairt aig an ùghdar airson a h-uile ceist agam mu ainmean-àite Ghlaschu. Mar eisimpleir, chan eil e cinnteach mu *Bellahouston*. Ach tha e air obair mhòr mhòr a dhèanamh airson dualchas na Gàidhlig – agus cànanan eile – ann an Glaschu a shoilleireachadh agus a mhìneachadh.

* * * * *

Faclan na Litreach: Glaschu: *Glasgow*; Alasdair MacIlleBhàin: *Alasdair [C.] Whyte*; Albais: *Scots language*.

Abairtean na Litreach: Bidh sinn a' cluinntinn aig feadhainn: *we hear from some folk*; nas coltaiche gu bheil e a' tighinn bho dhà eileamaid: *it is more likely to have come from two elements*; anns an t-seann chànan aig Breatannaich a' Chinn a Tuath: *in the old language of the Northern Britons (Northern Brittonic)*; faisg air Cathair-eaglais Ghlaschu far a bheil allt a' sruthadh tro lag nàdarrach: *near Glasgow Cathedral where a burn [the Molendinar Burn] flows through a natural hollow*; leabhar luachmhor a chaidh fhoillseachadh an-uiridh: *a valuable book that was published last year [by Origin/Birlinn]*; a' sealltainn an luig: *showing the hollow [lag]*; cha do mhair seann chànan nam Breatannach: *the old language of the Britons did not survive*; anns na seann chlàraidhean is làmh-sgrìobhainnean: *in the old records and manuscripts*; cho fada air ais ris an dàrna linn deug: *as far back as the 12th century*; ma choimheadas sinn air: *if we look at*; bhiomaid a' smaoinichadh gu bheil: *we would be thinking that*; buinidh gu leòr de ainmean-àite do linn: *many of its place-names belong to a time*; nuair a bha daoine an sàs ann an obair-fearainn: *when people were involved in agricultural work*; bha an t-ainm ainmeil X clàraichte mus robh tramaichean a' dol ann: *the famous name X was recorded before trams were going there*; tha e air obair mhòr mhòr a dhèanamh airson dualchas na Gàidhlig a shoilleireachadh agus a mhìneachadh: *he has done tremendous work in highlighting and explaining the Gaelic heritage*.

Puing-chànain na Litreach: Tha na riochdan tùsail **fior fhèin cudromach**: *the original forms are incredibly important*. Note that when we use fhèin as an adjectival strengthener in a structure like this, it can impinge on lenition. We would say *fior chudromach* 'very important' (with *cudromach* lenited under the influence of *fior*) but *fior fhèin cudromach* 'extremely important' (without lenition of *cudromach*). It makes no difference with an adjective that does not cause lenition e.g. *uabhasach cudromach/uabhasach fhèin cudromach*.

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Mura b' e gun robh** seann riochdan ann: *if it weren't [for the fact] that there were old forms*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA